

Aithisg Bhliadhnail
Annual Report
2024 – 2025

Comann nam Pàrant (Nàiseanta)



Comann nam Pàrant

5 Caolshraid Mhicheil, Inbhir Nis, IV2 3HQ, Seòladh Puist-d: innes@cnag.org
5 Mitchell's Lane, Inverness, IV2 3HQ, Email address: innes@cnag.org

www.parant.org.uk
www.neadan.scot



Facal-toisich a' Chathraiche

Tha mi toilichte Aithisg Bhliadhnail Chomann nam Pàrant (Nàiseanta) airson 2024/25 a thoirt dhuibh.

Choinnich a' chomataidh ceithir tursan ann an 2024-25, le luchd-dreuchd a' coinneachadh grunn thursan a bharrachd. Bha sinn toilichte cothrom a bhith againn coinneachadh ri Joan Esson bho HMIE anns an t-Samhain gus bruidhinn air na feumalachdan aig Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig anns an fhrèama sgrùdaidh ùr. Tha sinn air a bhith an sàs gu gnìomhach ann am Bile nan Cànan Albannach fhad 's a tha e a' dol tron Phàrlamaid. Tha am Bile aig ìre 3 a-nis agus tha sinn an dòchas gun tèid aontachadh ann an ùine nach bi fada.

Tha sinn, le taic bho Bhòrd na Gàidhlig, air cumail oirnn le coinneamhan dà uair sa bhliadhna le prìomh luchd-ùidh ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FtG) a' coinneachadh san Ògmhios agus san t-Samhain. Bheir na coinneamhan seo cothrom dhuinn cùisean a thogail le luchd-ùidh a tha cudromach airson fàs agus leasachadh leantainneach ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Sa choinneimh againn san Ògmhios, bheachdaich sinn air an ath-sgrùdadh air an Stiùireadh Reachdail, air Bile nan Cànan Albannach, air a bhith a' cruthachadh sgeama leughaidh dhan Ghàidhlig agus air adhartas a dh'ionnsaigh cùrsa do luchd-taic cànanain ann an clasaichean tro mheadhan na Gàidhlig. Bhruidhinn sinn air na h-aon chuspairean san t-Samhain agus thog sinn draghan cuideachd mu bhith a' trusadh is a' gleidheadh luchd-teagaisg.

Chaidh bruidhinn cuideachd air solar àrd-sgoile, gu sònraichte aig ùghdarrasan ionadail a thòisich air solar tro mheadhan na Gàidhlig bho chionn ghoirid, cuspair air an deach beachdachadh aig na coinneamhan againn cuideachd. Chaidh iarrtas maoineachaidh a dhiùltadh a chuir sinn do Bhòrd na Gàidhlig gus measadh roghainnean a choimiseanadh airson ùghdarrasan ionadail ann am meadhan na h-Alba. 'S e briseadh dùil a bha seo. Bha an aithris a leanas ann am freagairt a' Bhùird: "Ach, tha ar taic ris a' phrionnsabal air cùl an rannsachaidh a thathar a' moladh agus tha sinn ag aontachadh gu bheil feum air taic den t-seòrsa seo gus dèanamh cinnteach gun tèid solar FtG àrd-sgoile a leudachadh.", agus ged a tha seo air a bhith na phròiseas glè fhada, tha sinn toilichte a ràdh gu bheil an rannsachadh a-nis air a chur a-mach gu tairgse.

Bha sinn fìor thoilichte leis an naidheachd gu bheil Comhairle nan Eilean Siar air aontachadh sgrùdadh comais a dhèanamh air Sgoil Ghàidhlig sna h-Eileanan an Iar agus tha sinn a' coimhead air adhart ri bhith a' gabhail pàirt sa phròiseas.

Chair's Introduction

I am pleased to present Comann nam Pàrant (Nàiseanta)'s Annual Report for 2024/25.

The committee met on four occasions in 2024-25, with office bearers meeting on several additional occasions. We were happy to have the opportunity to meet with Joan Esson from HMIE in November to discuss the needs of Gaelic medium education from the new framework for inspection. We have actively engaged with the Scottish Languages Bill as it progresses through parliament. The Bill is now at Stage 3, and we hope to see it passed before long.

We have, with the support of Bòrd na Gàidhlig, continued our bi-annual meetings with the main stakeholders in Gaelic medium education, having met in June and November. These meetings afford us the opportunity to raise issues with stakeholders which are important for the continuing growth and development of Gaelic medium education. Our June meeting included discussion on the review of Statutory Guidance, the Scottish Languages Bill, the development of a reading scheme for Gaelic and progress towards a course for language assistants for Gaelic medium classes. In November we discussed these same topics, and we also raised concerns around teacher recruitment and retention.

Secondary provision, especially for local authorities who have more recently started Gaelic medium provision was also discussed at these stakeholder meetings, as it has been at our own meetings. A funding application submitted to Bòrd na Gàidhlig which would have allowed us to commission an options appraisal for local authorities in the Central Belt was disappointingly rejected. The response from the Bòrd included the following statement: "However, we are supportive of the principle behind the proposed research and agree that support of this kind is required to ensure secondary school GME provision is expanded.", and although this has been a very long process we are pleased to say that the research is now out to tender.

We were delighted with the news that Comhairle nan Eilean Siar have agreed to a feasibility study on a Gaelic School in the Western Isles and we look forward to engaging with the process.

Às dèidh lùghdachadh beag an-uiridh, bha sinn cuideachd toilichte cluinntinn gu bheil 57% de sgoilearan ann an Comhairle nan Eilean Siar a tha a' dol a-steach gu Clas 1 san Lùnastal air clàradh airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Tha an t-ùghdarras ionadail air a bhith gu math gnìomhach ann a bhith a' togail mothachadh mu na buannachdan aig foghlam tro mheadhan na Gàidhlig thairis air na beagan mhìosan a dh'fhalbh agus tha e follaiseach gun tug seo buaidh air cùisean. Tha sinn toilichte gu bheil sinn a' cumail taic ri solar ro-sgoile ann an Leòdhas is na Hearadh leis na seiseanan Thig a Chluich againn a tha a' faighinn taic bhon chomhairle tro bhith a' cleachdadh a' bhus-cluich Ghàidhlig aca. Ged nach eil an aon dàta clàraidh againn airson ùghdarrasan ionadail eile, tha sinn mothachail gur dòcha gu bheil àrdachadh mòr ann an àireamhan clàraidh ann an cuid de sgìrean eile, leithid Dhùn Èideann.

Tha Comann nam Pàrant (Nàiseanta) taingeil do Bhòrd na Gàidhlig agus Riaghaltas na h-Alba airson an taic ionmhais, tro Mhaoin Eadar-theachd Thràth do Chloinn agus Daoine Òga, agus do Chomunn na Gàidhlig airson taic rianachd leantainneach. Còmhla riumsa, tha mi cinnteach gum bi a h-uile ball den chomataidh airson taing mhòr a thoirt dhan sgioba dhìcheallach againn airson an cuid obrach gus taic a chumail rinn am-bliadhna, agus airson a h-uile rud a nì iad gus taic a thoirt dhan Ghàidhlig.

Bu mhath leam taing a thoirt do na pàrantan air fad anns na buidhnean ionadail aig Comann nam Pàrant a tha air a bhith ag iomairt airson, agus a' toirt taic do dh'fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig am-bliadhna. Tha sinn a' tuigsinn gu bheil mòran dhleastanasan air pàrantan agus thathar a' cur luach mòr anns an ùine agus san obair a bheir iad do CnP, an dà chuid aig ìre ionadail agus nàiseanta.

Mu dheireadh, 's e buidheann shaor-thoileach de phàrantan a th' anns a' chomataidh nàiseanta againn, a tha deònach an ùine phearsanta a thoirt seachad gus taic a thoirt dhan bhuidhinn. Tha mi a' toirt taing mhòr dhan a h-uile ball airson na rinn iad am-bliadhna, agus airson an obair, an ùine agus an dealas. Bu mhath leam gu sònraichte taing a thoirt do dhithis bhall a tha a' fàgail na comataidh, Gill agus Fiona, a bha nam ball den chomataidh agus an uair sin nan luchd-dreuchd thar grunn bhliadhnaichean, agus a tha air deagh bhuaidh mhòr a thoirt air obair na comataidh seo. Bithear ag ionndrainn an cuid dìcheall, am pragmatachd agus cho àbhachdail 's a bha iad gu mòr, agus tha sinn an dòchas nach dìochuimhnich iad sinne; gu cinnteach cha dìochuimhnich sinne iadsan!

Eilidh NicFhionghain, Cathraiche Chomann nam Pàrant (Nàiseanta).
An Cèitean 2025

Following the slight decrease last year, we were also pleased to hear that enrolment to P1 for Gaelic medium education this August is 57% of pupils in the Western Isles. The local authority has been very active in their awareness raising of the benefits of Gaelic medium education over the past few months which has obviously had an impact. We are happy to be able to support pre-school provision in Lewis & Harris with our Thig a Chluich sessions which are supported by the council through the use of their Gaelic playbus. We do not have similar enrolment data for other local authorities although we are aware of some areas, such as Edinburgh, possibly having a significant increase in enrolment numbers.

Comann nam Pàrant (Nàiseanta) is grateful to Bòrd na Gàidhlig and Scottish Government, through the Children and Young Peoples Early Intervention Fund, for their financial support, and to Comunn na Gàidhlig for continuing administrative support. I am sure all committee members will join me in extending a wholehearted thank you to our hardworking and dedicated team for all their efforts in keeping us supported this year, and for all they do to support Gaelic.

I would like to thank all the parents in the local Comann nam Pàrant groups who have campaigned for, and supported, Gaelic medium education this year. We are mindful that parents have many commitments and the time and effort they give to CnP, both at local and national level, is very much appreciated.

Finally, our national committee is a voluntary body of parents, who willingly give up their personal time to support the organisation. I sincerely thank all members for their input this year, and for all their effort, time and commitment. I would especially like to thank two outgoing members, Gill and Fiona, who have been committee members and then office bearers over a number of years, and who have had a hugely positive impact on the work of this committee. Their dedication, pragmatism and good humour will be very much missed, and we hope they won't forget us; we certainly won't forget them!

Helen Mackinnon, Comann nam Pàrant (Nàiseanta)
Chairperson
May 2025

Ar n-obair

Tha sinn air leantainn oirnn le pàtran obrach measgaichte tron bhliadhna oir, ged a tha eadar-obrachaidhean aghaidh-ri-aghaidh uaireannan feumail agus riatanach, faodaidh tachartasan air-loidhne a bhith nas ruigsinniche do phàrantan agus tha iad leigeil leinn luchd-èisteachd nas fharsainghe a ruighinn.

Our work

We have continued with a hybrid working pattern throughout the year as, although face-to-face interactions are sometimes useful and necessary, having online events can be more accessible for parents and allow us to reach a wider audience.

A' cumail taic ri pàrantan

Tha buidhnean Comann nam Pàrant a' cumail orra a' dèanamh obair chudromach aig ìre ionadail; a' cumail taic ri obair clas, a' cur air dòigh gnìomhan taobh a-muigh na sgoile agus ag iomairt air cùisean a tha deatamach a thaobh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Tha an t-oifigear leasachaidh againn ann gus taic a thoirt do na h-iomairtean ionadail sin.

Tha sinn a' leantainn oirnn le bhith a' ruith Sgeama Comhairleachaidh nam Pàrant againn, far am bi sinn a' cumail taic ri pàrantan gus Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a bhrosnachadh san sgìre aca fhèin. Tha sinn air taic a thoirt do phàrantan le bhith a' libhrigeadh thachartasan ann an Siorrachd Rinn Friù an Ear, Siorrachd Rinn Friù, Farfar, Baile Dhubhthaich, Cataibh agus anns an Òban. Ann an Siorrachd Rinn Friù an Ear agus Siorrachd Rinn Friù tha seiseanan BookBug cunbhalach a-nis ann an leabharlannan mar thoradh air an sgeama, nam measg Leabharlann Thornliebank, Leabharlann Baile Chlarc agus Leabharlann Phàislig. Bidh seiseanan Bookbug a' toirt deagh bhlasad do theaghlaichean air a' Ghàidhlig. Bheir e cothrom dhaibh am pàiste fhaicinn agus iad ag eadar-obrachadh tron chànan agus faodaidh na pàrantan a bhios a' libhrigeadh nan seiseanan seo fiosrachadh a thoirt seachad mu FtG san sgìre, rud a tha air a bhith gu math soirbheachail dhuinn. Tha an obair uile seo, a bharrachd air a' bhuidhinn Pàrant is Pàiste shoirbheachail a tha Kirsteen a' cuideachadh gus stiùireadh, air cuideachadh gus cur ris na h-àireamhan a tha a' clàradh ann am FtG san Lùnastal taobh a-staigh Siorrachd Rinn Friù an Ear.

Supporting Parents

Comann nam Pàrant groups continue to do important work at local level; supporting the work of the classroom, arranging activities in Gaelic outwith school and campaigning on issues that are critical to Gaelic medium provision. Our development officer is available to support these local campaigns and initiatives.

We continue to run our Parental Advisory Scheme, where we support parents to promote Gaelic Medium Education within their local area. We have supported parents delivering events in East Renfrewshire, Renfrewshire, Forfar, Tain, Sutherland and Oban. Within East Renfrewshire and Renfrewshire there are now BookBug sessions every week in libraries as a result of the scheme, including Thornliebank Library, Clarkston Library and Paisley Library. Bookbug sessions give families a great introduction to Gaelic. It allows them to see their child interact through the language and the parents delivering these sessions can give out first-hand information about GME within the area, which we have found to be very successful. All this work, as well as the successful Pàrant is Pàiste group which Kirsteen helps to facilitate, has helped to increase the numbers enrolling in GME in August within East Renfrewshire.

Our development officer attended GME promotional events throughout the country, including in North Ayrshire, East Renfrewshire, Renfrewshire, Argyll & Bute, as well as a national information session online in collaboration with Bòrd na Gàidhlig.




Bha na h-oifigearan leasachaidh againn an làthair aig tachartasan gus FtG a bhrosnachadh air feadh na dùthcha, a' gabhail a-steach ann an Siorrachd Àir a Tuath, Siorrachd Rinn Friù an Ear, Siorrachd Rinn Friù, Earra-Ghàidheal is Bòd, a bharrachd air seisean fiosrachaidh nàiseanta air-loidhne a chaidh a chumail còmhla ri Bòrd na Gàidhlig.

Thug sinn taic do theaghlaichean anns an Eaglais Bhric a fhuair briseadh dùil mòr leis an naidheachd gun robh iad gu bhith a' call còmhhdail gu foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Chan eil solar aig Comhairle na h-Eaglaise Brice airson FtG ach tha iad air a bhith a' toirt taic do theaghlaichean fad iomadh bliadhna gus siubhal gu ùghdarrasan ionadail faisg air làimh. Às dèidh coiteachadh bho phàrantan, cha deach an gluasad aontachadh a chur oifigearan air adhart dhan chomhairle gus an solar còmhhdail a thoirt air falbh. Ged a bha na pàrantan soirbheachail, b' e suidheachadh glè dhoirbh a bh' ann do phàrantan, rud a dh'fhaodadh a bhith air a sheachnadh nan robh conaltradh nas fheàrr air a bhith ann eadar oifigearan is pàrantan agus luchd-ùidh eile.

Chuir sinn freagairt dhan cho-chomhairle mu bhith a' stèidheachadh sgìre-sgoile ann an sgìre Bhaile Dhubhthaich. Chuir grunn luchd-ùidh fios thugainn a' togail dhraghan mun sgìre-sgoile a chaidh a mholadh, agus chaidh na draghan sin a chur san fhreagairt againn, agus tha sinn toilichte gun do dh'èist oifigearan na comhairle ris na draghan sin agus gu bheil iad a-nis a' moladh sgìre-sgoile nas fharsainge.

We supported families in Falkirk who were dismayed by the news that they were to lose their transport provision to Gaelic medium education. Falkirk Council do not make their own provision for GME but have for many years supported families to travel to neighbouring authorities. Following lobbying from parents the proposal put forward to the council by their officials to remove the transport provision was not agreed. Although the outcome was successful it was a very stressful experience for parents, which could have been avoided had there been better communication from officials to parents and other stakeholders.

We responded to the consultation on a catchment for Gaelic medium education in the Tain area. We had representation from a number of stakeholders raising concerns about the proposed catchment which were included in our response and are pleased that council officials listened to these concerns and are now proposing a wider catchment area.



Sgioba nan Tràth-bhliadhnaichean (air a mhaoineachadh le Maoin Eadar-theachd Thràth do Chloinn, Daoine Òga agus Teaghlaichean)

Tha maoineachadh aig Comann nam Pàrant gu 2026 a-nis às dèidh do Riaghaltas na h-Alba co-dhùnadh a' mhaoin seo a leudachadh fad bliadhna eile. Mar thoradh air a' mhaoineachadh seo, is urrainn dhuinn cumail oirnn leis an obair againn ann an roinn nan tràth-bhliadhnaichean leis an sgioba bheag againn anns a bheil aon mhanaidsear stèidhichte ann am meadhan na h-Alba agus dà oifigear pàirt-ùine stèidhichte sna h-Eileanan an Iar. Tha Oifigear Leasachaidh Cànan Teaghlaich againn cuideachd a tha ag amas air na tràth-bhliadhnaichean.

Bidh an sgioba againn anns na h-Eileanan an Iar a' cumail sheiseanan Thig a Chluich ann an Leòdhas agus sna Hearadh. Bidh na seiseanan buail a-steach airson cluich, sgeulachd is òrain seo airson clann ro-sgoile agus am pàrantan/luchd-cùraim a' tachairt gach Dimàirt ann an Steòrnabhagh, agus an uair sin gach cola-deug no gach mìos ann an ceàrnaidhean eile de na h-eileanan. Tha na h-àireamhan a bhios a' frithealadh nan seiseanan seo misneachail anns a h-uile sgìre. Tha Steòrnabhagh fhathast air leth trang agus bithear cuideachd a' cumail seisean Bookbug Gàidhlig san leabharlann uair sa mhìos. Dh'obraich oifigearan nan Eilean Siar againn ann an com-pàirteachas leis an sgioba bho Play Talk Read as t-samhradh an-uiridh nuair a rinn iad an turas timcheall nan Eilean Siar, agus libhrig na h-oifigearan againn beagan susbaint Ghàidhlig anns na seiseanan aca. Thathar ag ullachadh phlanaichean an-dràsta airson turas an sgioba as t-samhradh agus tha sinn an dùil obrachadh còmhla riutha am-bliadhna a-rithist. Dh'obraich sinn ann an com-pàirteachas le sgioba HebCelt an-uiridh cuideachd agus chùim sinn ceithir seiseanan òrain is sgeulachdan do theaghlaichean le cloinn òga aig an fhèis ann an Steòrnabhagh san Iuchar. Bha teaghlaichean bho air feadh Alba, agus bho dhùthchannan eile, an làthair aig na seiseanan. Bidh sinn a' toirt seachad seiseanan a-rithist aig fèis na bliadhna seo.

Tha Kirsteen, Manaidsear nan Tràth-bhliadhnaichean againn, a' leantainn air adhart le seiseanan Bookbug mìosail ann an Leabharlann Chloinne Dhùn Èideann, Gleann Iucha, Bathgate, Baile Dhunlèibhe agus san Eaglais Bhric, agus tha i air seiseanan mìosail ùra a thòiseachadh anns an Leabharlann Nàiseanta ann an Dùn Èideann.

Early Years Team (funded by Children, Young People and Families Early Intervention Fund)

Comann nam Pàrant now has funding until 2026 following the decision by Scottish Government to extend this fund for a further year. The funding allows us to continue our work in the early years sector with our small team of one manager based in the Central Belt and two part-time officers in the Western Isles. We also have a Family Language Development Officer whose work focuses on early years.

Our team in the Western Isles run Thig a Chluich sessions in Lewis and Harris. These drop-in play, story and song sessions for preschool children and their parents/carers take place every Tuesday in Stornoway, and then fortnightly or monthly in other areas of the islands. Numbers attending these sessions are encouraging in all areas, with Stornoway remaining particularly busy, where they also lead a Gaelic Bookbug session in the library once a month. Last summer our Western Isles officers worked in partnership with the team from Play Talk Read when they did their tour of the Western Isles, with our officers providing some Gaelic input into their sessions. Plans are currently under way for this summer's visit by the team and we are planning to work together with them this year again. We also worked in partnership with the HebCelt team last summer and led four song and story sessions for families of young children attending the festival in Stornoway in July. Families from across Scotland attended the sessions, as well as from other countries. We will be delivering sessions at this year's festival again.

Kirsteen, our Early Years Manager continues with monthly Bookbug sessions in the Edinburgh Children's Library, Linlithgow, Bathgate, Livingston and Falkirk, and has started new monthly sessions in the National Library in Edinburgh.



Annas a' Mhàirt agus annas a' Chèitean, libhrig Kirsteen an trèanadh againn air Òrain is Sgeulachdan do Thràth-bhliadhnaichean a-rithist. Fhuair sinn taic bho Bhòrd na Gàidhlig a thaobh rianachd nan seiseanan trèanaidh. Chaidh seisean a' Mhàirt a chumail ann an Glaschu le 11 an làthair agus chaidh seisean a' Chèitean a chumail ann an Dùn Èideann le 5 an làthair. Aig an t-seisean againn ann an Glaschu bha sinn toilichte gun robh Rosemary Ward, Stiùiriche Phrògraman aig Urras Leabhraichean na h-Alba, an làthair, agus fhuair i cothrom bruidhinn ris na daoine a bha an làthair mun trèanadh Bookbug a tha ri fhaighinn an-dràsta (a tha fhathast ri fhaighinn sa Bheurla a-mhàin). Bha deagh dheasbad ann a thaobh Urras nan Leabhraichean mar thoradh air seo, agus mhol cuid de na daoine a bha an làthair seòrsachan eile de thrèanadh co-cheangailte ri leabhraichean Bookbug. Tha sinn an dòchas obrachadh còmhla ri Urras Leabhraichean na h-Alba agus buidhnean buntainneach sam bith eile gus an trèanadh seo a libhrigeadh san àm ri teachd. Thug sinn leabhar-làimhe dhan luchd-frithealaidh uile aig na seiseanan annas an robh catalog de dh'òrain iomchaidh a bha sinn air cur ri chèile, a bharrachd air ceanglaichean ri faidhlichean fuaim airson èisteachd ris na h-òrain air fad. Annas na leabhraichean-làimhe cuideachd bha prìomh phuingean ann bhon trèanadh agus ceanglaichean ri goireasan iomchaidh eile. Tha Kirsteen air Buidheann Facebook prìobhaideach a stèidheachadh airson stiùirichean seiseanan nan tràth-bhliadhnaichean, far am faod buill ceistean fhaighneachd agus an uair sin freagairtean fhaighinn bho stiùirichean seiseanan le barrachd eòlais, gu sònraichte a thaobh a bhith a' lorg òrain fhreagarrach airson cuspairean sònraichte no a' lorg bheachdan airson seiseanan.

Bidh buidhnean Pàrant is Pàiste a' coinneachadh ann an Siorrachd Àir a Tuath, Cille Mheàrnaig, Drochaid an Easbaig, Pollokshields, Partaig, Pàislig, Baile Ùr na Maoirne, An t-Àrd Ruigh, Cille Bhrìghde an Ear, Sruighlea agus Dùn Èideann. Tha Kirsteen fhathast a' stiùireadh nan seiseanan ann an Sruighlea agus sna Pùballan gach seachdain. Aig deireadh 2024, chuir ceannard Bun-sgoil Beinn Chamsghroin ann an Cille Bhrìghde an Ear fios thugainn, ag ràdh gum b' urrainn dhuinn seòmar san sgoil a chleachdadh airson buidheann Pàrant is Pàiste. Sa Mhàrt, thòisich sinn buidheann feasgar ùr an sin feasgar Diardaoin cuideachd. Tha Kirsteen a' cumail oirre ag obair air 'curraicealam' nan tràth-bhliadhnaichean a tha a-nis ri fhaighinn air Neadan.scot airson buidhnean tràth-bhliadhnaichean air feadh na dùthcha gus an urrainn dhaibh a chleachdadh annas na seiseanan aca.

In March and May Kirsteen delivered our Early Years Song and Story Session training again. We had support from Bòrd na Gàidhlig with the administrative side of the training sessions. The March session took place in Glasgow with 11 attendees and the May session took place in Edinburgh with 5 attendees. At our Glasgow session we were pleased to have Rosemary Ward, Director of Programmes at the Scottish Book Trust in attendance, and she was given the opportunity to speak to the attendees about the current Bookbug training (still only available in English). This resulted in some good discussion regarding the Book Trust, and other types of training related to Bookbug books were suggested by some attendees. We hope to work together with the Scottish Book Trust and any other relevant organisations to deliver this training in the future. We gave our attendees a handbook at the sessions which contained a catalogue of suitable songs that we had put together, along with links to sound files to listen to all the songs. The handbooks also contained the key points from the training and links to other suitable resources. Kirsteen has set up a private Facebook Group for early years session leaders, where members can ask questions they might have and then have them answered by more experienced session leaders, particularly regarding looking for suitable songs for particular themes or looking for ideas for sessions.

Parant is Pàiste groups meet in North Ayrshire, Kilmarnock, Bishopbriggs, Pollokshields, Partick, Paisley, Newton Mearns, Airdrie, East Kilbride, Stirling, Peebles and Edinburgh. Kirsteen continues to lead the weekly sessions in Stirling and Peebles. Towards the end of 2024 we were approached by the headteacher of Mount Cameron Primary School in East Kilbride who offered us the use of a room in the school for a Pàrant is Pàiste group. In March we started a new afternoon group there on a Thursday afternoon. Kirsteen is continuing to work on the early years 'curriculum' which is now available on Neadan.scot for early years groups across the country to use at their sessions.

We are working with Bòrd na Gàidhlig and parents in Peebles to run an information morning for families who are interested in learning more about starting up GME in the Borders. This will be a drop-in session for families on Saturday 14th June. We will have activities for the children to do while the parents can ask questions regarding GME to officers from Bòrd na Gàidhlig and Comann nam Pàrant.

Tha sinn ag obair còmhla ri Bòrd na Gàidhlig agus pàrantan anns na Pùballan gus madainn fiosrachaidh a chumail do theaghlaichean a tha airson barrachd ionnsachadh mu bhith a' tòiseachadh Foghlam tro Mheadhan-Ghàidhlig anns na Crìochan. Bidh seo na sheisean buail-a-steach do theaghlaichean air Disathairne 14 Ògmhios. Bidh gnìomhan againn dhan chloinn fhad 's a bhios na pàrantan a' faighneachd cheistean mu FtG do dh'oifigearan aig Bòrd na Gàidhlig agus Comann nam Pàrant.

Tha an t-Oifigear Leasachaidh Cànan Teaghlaich againn a' toirt seachad diofar chothroman do phàrantan is shean-phàrantan gus Gàidhlig a chleachdadh agus ionnsachadh. Tha a' mhòr-chuid de chothroman air-loidhne ach tha beagan tachartasan aghaidh-ri-aghaidh ann cuideachd. Bidh na clasaichean Gàidhlig do luchd-tòiseachaidh a' cleachdadh a' chùrsa mhòr-chòrdte SpeakGaelic le clasaichean air-loidhne rim faighinn air diofar làithean agus aig diofar amannan. Tha clas Cothrom Cabadaich air-loidhne ann cuideachd a tha ag amas air luchd-labhairt nas comasaiche a tha airson na sgilean cànan aca a chleachdadh agus a leasachadh le taic bho oide. Tha seiseanan sònraichte ann cuideachd dhaibhsan a tha ag obair ann an roinn tràth-bhliadhnaichean na Gàidhlig a tha ag iarraidh am misneachd a thogail ann a bhith a' bruidhinn a' chànan ann an àrainneachd neo-fhoirmeil agus thaiceil.

Thathar a' cruthachadh goireas ionnsachaidh ùr do theaghlaichean - leabhar-abairtean 'Gàidhlig a-staigh'. Tha sinn an dòchas gum bi an goireas seo feumail chan ann a-mhàin dhaibhsan a tha dìreach air tòiseachadh air Gàidhlig ionnsachadh còmhla ri an cuid cloinne, ach cuideachd dhaibhsan a tha fileanta sa chànan mar-thà ach aig nach eil am briathrachas, is dòchas, airson suidheachaidhean dachaigheil. Tha an leabhar a' coimhead air diofar shuidheachaidhean, bho bhith a' dol dhan taigh-bheag gu bhith a' bruidhinn mu bhiadh a tha air a dhol dheth. Bidh faidhlichean fuaim an leabhair rim faighinn air SoundCloud agus Spotify. Bidh an leabhar-d air-loidhne dheth ri fhaighinn aig deireadh a' Chèitein air www.neadan.scot, agus bidh beagan lethbhreacan den leabhar ri fhaighinn ann an clò goirid às dèidh sin.

Our Family Language Development Officer provides a variety of opportunities for parents and grandparents to use and learn Gaelic, mainly online but with some in-person events. The Gaelic classes for beginners follow the popular SpeakGaelic course, with a variety of days and times available for online classes. There is also an online Cothrom Cabadaich class aimed at more proficient speakers who wish to use and develop their language skills with the support of a tutor. There are also special sessions available for those working in the Gaelic early years sector who are looking to build their confidence speaking the language in an informal and supportive environment.

A new learning resource for families is being developed - the 'Gàidhlig a-staigh' phrasebook. We hope this resource will be useful not only to those who have just started learning Gaelic alongside their children, but also to those who are already operationally fluent in the language and perhaps lack the vocabulary for more domestic settings. The book covers various situations, from going to the toilet to speaking about gone-off food. The audio files for the book will be available on SoundCloud and Spotify. The online e-book version will be available at the end of May on www.neadan.scot, and the printed version will be available in limited numbers shortly afterwards.



Seachdain na Gàidhlig do sgoiltean ann an Dùn Èideann

Tron t-seachdain a' tòiseachadh 28mh Giblean 2025, chùm Comann nam Pàrant an tachartas bliadhnail aca, Seachdain Dhùn Èideann. Seo cothrom a tha air a thabhann do sgoilearan bhun-sgoiltean ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann am BS4-7 a bhith a' dol gu gnìomhan tro mheadhan na Gàidhlig ann an diofar ionadan luchd-turais ann an Dùn Èideann. Am-bliadhna chùm sinn seiseanan ann an Dynamic Earth, Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba, na Gàrraidhean Luibh-eòlais Rìoghail, Caisteal Dhùn Èideann agus Lùchairt Taigh an Ròid.

Aig Our Dynamic Earth, chùm Shona Chaimbeul bùth-obrach eadar-obrachail mu mhòr-thubaistean nàdarra agus bha cothrom aig na sgoilearan an uair sin a dhol timcheall air an taisbeanadh inntinneach ann an Dynamic Earth. Chùm Kirsteen Mhoireach tursan ann an Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba, a' sealltainn cuid de na rudan inntinneach sa chruinneachadh. Am-bliadhna, rinn sinn deuchainn air fònaichean-cluaise gus an turas a libhrigeadh agus dh'obraich sin gu math agus rinn sinn cinnteach gun robh an cànan na phrìomhachas san taigh-tasgaidh thrang. Chùm Ciorstaidh NicConaill bùth-obrach aig Gàrradh Luibh-eòlais Rìoghail Dhùn Èideann a' coimhead air lusan a lorgar sa choille-uisge a' gabhail a-steach a bhith a' dol a-mach do na gàrraidhean agus a' coimhead air cuid de na lusan seo. Rinn Robbie MacLeòid agus Catrìona NicIlleMhoire turas timcheall air caisteal Dhùn Èideann, a' gabhail a-steach a bhith a' dol timcheall a' chaisteil gu lèir is a bhith a' dol a-steach do na seann phrìosan. Chùm Megan Dale bùth-obrach spòrsail a bha a' gabhail a-steach turas timcheall Lùchairt Taigh an Ròid le fòcas air eachdraidh Màiri Banrigh na h-Alba. Chaidh na tursan uile a chumail tro mheadhan na Gàidhlig a-mhàin agus cha bhiodh seo air a bhith comasach às aonais taic bho luchd-obrach aig a h-uile ionad turasachd.

Am-bliadhna ghabh 15 sgoiltean eadar-dhealaichte agus còrr is 400 sgoilear bho air feadh na dùthcha pàirt san t-seachdain. Bha e fìor mhath fàilte a chur air na trì sgoiltean làn-Ghàidhlig ann an sgìre Comhairle na Gàidhealtachd; Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis, Bun-sgoil Ghàidhlig Phort Rìgh, agus airson a' chiad turas Bun-sgoil Ghàidhlig Loch Abar. Tha e gu math brosnachail gu bheil an uiread de sgoiltean tro Mheadhan na Gàidhlig ann a tha a' tilleadh bliadhna às dèidh bliadhna, agus tha sinn gu math mothachail air an obair mhòr a tha an lùib seo do sgoiltean, gu h-àraidh dhaibhsan a tha a' fuireach ann an Dùn Èideann airson 2 no 3 oidhcheannan. Mòran taing do luchd-obrach nam sgoiltean agus do phàrantan a tha a' toirt a' chothruim seo do na sgoilearan. Chuir sinn cèilidh air dòigh aig Àrainn Darroch le sgoilearan à Bun-sgoil Achadh na Creige, Bun-sgoil Ghàidhlig Phort Rìgh, Bun-sgoil Ghàidhlig Loch Abar agus Bun-sgoil Taobh na Pàirce an làthair.

Gaelic week for schools in Edinburgh

During week commencing 28 April 2025, Comann nam Pàrant held their annual event, Seachdain Dhùn Èideann / Edinburgh Gaelic Week. This is an opportunity offered to all Gaelic Medium Primary Schools for P4-7 pupils to attend activities through the medium of Gaelic at different attractions within Edinburgh. This year we held sessions at Dynamic Earth, the National Museum of Scotland, the Royal Botanic Gardens, Edinburgh Castle and the Palace of Holyroodhouse.

At Our Dynamic Earth, Shona Campbell ran an interactive workshop about natural disasters and the pupils then had the opportunity to tour the fascinating exhibition at Dynamic Earth. At the National Museum of Scotland, Kirsteen Murray led tours at the museum highlighting exciting features of the museum. This year, we trialled using headsets to deliver the tour which worked very well and ensured the language was a priority in the busy setting of the museum. At the Royal Botanic Gardens, Kirsty McConnell ran a workshop looking at plants found within the rainforest, which included going out to the gardens and looking at some of these plants. At Edinburgh Castle, Robbie MacLeod & Catriona Morrison conducted a tour of the castle which included going round the whole castle and into the old prisons. At Palace of Holyroodhouse, Megan Dale led an engaging workshop which included a tour of the palace focusing on the history of Mary Queen of Scots. All these tours were conducted entirely through the medium of Gaelic and would not have been possible without the collaboration of staff at the different attractions.

This year 15 different schools and over 400 pupils from across the country attended during the week. It was great to welcome pupils from all three standalone Gaelic schools in Highland Council; Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis, Bun-sgoil Ghàidhlig Port Rìgh, and a first visit for Bun-sgoil Ghàidhlig Loch Abar. It is very encouraging to see the number of Gaelic Medium provisions that return year after year, and we are very aware of the large undertaking this is for schools, especially for those who are staying in Edinburgh for 2 or 3 nights. Many thanks to school staff and parents who make this opportunity possible for the pupils. On Wednesday night we organised a cèilidh at the Darroch Campus with pupils from Bun Sgoil Achadh na Creige, Bun Sgoil Ghàidhlig Phort Rìgh, Bun Sgoil Ghàidhlig Loch Abar and Bun Sgoil Taobh na Pàirce attending.

Dealbhan Seachdain Dhùn Èideann



Conaltradh Comann nam Pàrant

Tha dà làraich-lìn aig Comann nam Pàrant, www.parant.org.uk is www.neadan.scot agus tha sinn gnìomhach air Facebook, Instagram agus X.

Tha Parant.org.uk a' toirt seachad fiosrachadh mu Fhoghlam tro Mheadhan na Gàidhlig do phàrantan. Tha seo a' gabhail a-steach liosta den t-solar uile airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig le fiosrachadh conaltraidh airson sgoiltean. Tha stuthan taic agus ceanglaichean ri làraichean-lìn feumail eile ann do phàrantan cuideachd.

Is e amas na dàrna làraich-lìn www.neadan.scot a bhith na làrach coileanta do phàrantan le fòcas air na tràth-bhliadhnaichean. Tha pailteas fiosrachaidh air an làraich-lìn a' gabhail a-steach comhairle do phàrantan mu bhith a' cleachdadh barrachd Gàidhlig san dachaigh. Tha an t-oifigear leasachaidh teaghaich fhathast a' cruthachadh agus a' leasachadh barrachd ghoireasan agus mar sin, dèan cinnteach gun lean thu na meadhanan sòisealta againn airson na susbaint as ùire.

Tha cuairt-litir ràitheil againn do phàrantan anns a bheil fiosrachadh mu iomairtean foghlaim nàiseanta a bharrachd air susbaint co-cheangailte ris a' Ghàidhlig agus fiosrachadh mu obair ionadail aig Comann nam Pàrant.

Tha sinn air grunn ghoireasan ullachadh airson sgaoileadh aig tachartasan fiosrachaidh agus tha iad sin rim faighinn bhuainn an-asgaidh.

Comann nam Pàrant Comms

Comann nam Pàrant have two websites, www.parant.org.uk & www.neadan.scot and we are active on Facebook, Instagram and X.

Parant.org.uk provides information on Gaelic Medium Education for parents. This includes a list of all Gaelic medium provision with contact details for schools. There are also support materials and links to other useful websites for parents.

The second website www.neadan.scot aims to be a one-stop-shop for parents with a focus on early years. There is a wealth of information on the website including advice for families on how to use more Gaelic in the home. The family development officer continues to develop and create more resources, and please do follow our social media for up-to-date and new content.

We have a quarterly newsletter for parents which has information on national educational initiatives, as well as Gaelic related content and features on local Comann nam Pàrant activities.

We have produced a number of resources for distribution at information events and these are available from us at no cost.



www.neadan.scot



www.parant.org.uk



Co-obrachadh

Bidh sinn ag obrachadh le agus a' cumail coinneamhan cunbhalach le sgioba an Fhoghlaim aig Bòrd na Gàidhlig.

Bidh coinneamhan cunbhalach againn le Foghlam Alba agus tha sinn taingeil airson an taic le bhith a' sgaoileadh fios agus a' cuairteachadh na cuairt-litreach againn.

Tha sinn nar buill den Bhuidhinn Thar-phàrtaidh air Teaghlaichean a' Cumail taic ri Ionnsachadh Chloinne.

M Wentworth

Collaborative working

We have regular meetings with, and work in partnership with, the education team at Bòrd na Gàidhlig.

We have regular meetings with Education Scotland and appreciate their support in sharing information and circulating our newsletter.

We are members of the Cross-Party Group on Families Supporting Children's Learning.

M Wentworth



Comann nam Pàrant

5 Caolshraid Mhicheil, Inbhir Nis, IV2 3HQ, Seòladh Puist-d: innes@cnag.org
5 Mitchell's Lane, Inverness, IV2 3HQ, Email address: innes@cnag.org

www.parant.org.uk
www.neadan.scot



Comann nam Pàrant (Nàiseanta)

Tha Comann nam Pàrant (Nàiseanta), a' bhuidheann stiùiridh airson nam buidhnean ionadail, na charthannas clàraichte an Alba le prìomh amas "a bhith a' cur air adhart agus a' toirt taice do stèidheachadh is cumail suas Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig". Tha comas aig a h-uile sgìre far am bheil buidheann CnP ionadail a bhith air an riochdachadh air a' chomataidh nàiseanta, a' ciallachadh gun cluinnear guth gach pàrant aig ìre nàiseanta.

Comann nam Pàrant (Nàiseanta), the umbrella body for Comann nam Pàrant groups, is a registered charity in Scotland whose main aim is "to promote and support the establishment and maintenance of education through the medium of Gaelic". All areas with local CnP groups are able to be represented on the national committee, thus ensuring that all parents can have a voice at national level.

Comataidh Chomann nam Pàrant (Nàiseanta) 2024 / 2025

Comann nam Pàrant (Nàiseanta) Committee 2024 / 2025

Helen MacKinnon	Cathraiche / Chairperson
Gill Steele	Iar-Chathraiche / Vice Chairperson
Fiona Stephen	Rùnaire / Secretary
Sarah Thomas	Ionmhasair / Treasurer
Athene Richardford	Glaschu / Glasgow
Wilma Laird	Dùn Èideann / Edinburgh
Alison Craig	An t-Òban / Oban
Dan Mahon	Siorrachd Àir an Ear / East Ayrshire
Isabel Taylor	Dùn Omhain / Dunoon
Jon Andrews	Siorrachd Àir a Tuath / North Ayrshire
Pam Jardine	Riochdaire Feumalachdan a bharrachd) / Additional Support Needs Representative

